



Parentzone  
SCOTLAND

Beachdan spòrsail gu deagh  
chleachdaidhean leughaidh  
a bhrosnachadh

# Àrd-sgoil

- ✓ Seall dhan deugaire agad gu bheil e a' cheart cho spòrsail a bhith a' leughadh leabhar agus a tha e a bhith a' coimhead Tbh no a' cluich air a' choimpiutair.
- ✓ Cruthaich àite sàmhach anns a bheil solas math nad dhachaigh gus leughadh a bhrosnachadh.
- ✓ Dèan cinnteach gu bheil leabhraichean agad san taigh sam bi ùidh aig an deugaire agad.
- ✓ Brosnaich an deugaire agad a bhith a' leughadh irisean, pàipearan-naidheachd, no iùl-spòrs. Fàg lethbhreacan air feadh an taighe. Chan eil diofar dè a bhios iad a' leughadh cho fad 's a bhios iad a' leughadh rudeigin!
- ✓ Pàigh gu riaghailteach airson iris sa bheil ùidh aig an deugaire agad.
- ✓ Innis dhaibh mu artaigean a leugh thu ann am pàipear no ann an iris, gu h-àraidh mas e rud a tha ann sa bheil ùidh aca agus tha fo-irisean Sàbaid air leth math airson seo.
- ✓ Cluich leabhraichean-fuaim sa chàr. Brosnaichidh seo a bhith a' leughadh mar chur-seachad.
- ✓ Mol leabhraichean le cuspairean inbheach a bhiodh iomchaidh.
- ✓ Dèan ceangal eadar leabhraichean is leughadh agus filmichean no geamannan bhidio air a bheil iad eòlach.
- ✓ Thoir dhaibh eòlas air sreathan de leabhraichean agus air leabhraichean mu eachdraidh-beatha.
- ✓ Larr air deugairean leabhraichean a mholadh airson luchd-leughaidh san teaghlach a tha nas òige.
- ✓ Cleachd leabhraichean-E agus Kindle.